



National  
Qualifications  
2025

**X831/76/11**

**Gaelic (Learners)  
Reading**

THURSDAY, 22 MAY

9:00 AM – 11:00 AM

**Total marks — 30**

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the Reading answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

**You may use a Gaelic dictionary.**

Use **blue** or **black** ink.

There is a separate question and answer booklet for Directed Writing. You must complete your answer for Directed Writing in the question and answer booklet for Directed Writing.

Before leaving the examination room you must give your Reading answer booklet and your Directed Writing question and answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



\* X 8 3 1 7 6 1 1 \*

Total marks — 30

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

The article discusses working from home.

### Ag obair bhon taigh

5 An do smaoinich thu riamh mu bhith ag obair bhon taigh? Gach bliadhna, tha barrachd dhaoine ag obair aig an taigh. Chan eil e gu diofar càit a bheil thu a' fuireach, ann am bailtean mòra, air an dùthaich, neo fiù 's air eilean! Tha daoine san latha an-diugh a' sireadh dòigh-beatha nas cothromaiche. A' mhòr-chuid den ùine, bidh companaidhean a' toirt taic do dhaoine a tha ag obair aig an taigh. Is dòcha gum faic sinn gnìomhachasan stèidhichte gu tur air-loidhne leis an luchd-obrach aca ag obair aig an taigh air feadh na Gàidhealtachd anns na bliadhnaichean ri teachd is bidh sin math.

10 Uaireannan, ged nach bi cuid de dhaoine a' fuireach fad air falbh bhon àite-obrach aca, b' fheàrr leotha a bhith ag obair aig an taigh. 'S ann mar sin a tha Anna NicLeòid a tha a' fuireach faisg air ionad-slàinte agus a tha na nurs. Bidh Anna ag obair bhon taigh, a' toirt comhairle do euslaintich air-loidhne neo air an fhòn. Cuideachd, bidh i a' cur fòn gu seann daoine air an oidhche gus cur nan cuimhne na pileachan aca a ghabhail. Tha ise den bheachd gu bheil tòrr bhuannachdan ann — faodaidh i na h-uairean aice a thaghadh mar a thogras i. Mar sin 's urrainn dhi barrachd ùine a chur seachad le a cuid chloinne agus tadhal air caraidean tron latha.

15 Tha obraichean de gach seòrsa ann as urrainn dhut a dhèanamh aig an taigh mar: sgrìobhadair, rianadair a chuireas a-steach dàta, ailtire agus dealbhadair grafaigeach. Feumaidh teicneòlas math a bhith agad le ceangal eadar-lìn làidir. Cuideachd, tha e math ma bhios rùm-obrach agad fhèin airson nach bi daoine a' cur dragh ort. Ach, airson cuid de na h-obraichean, tha e cudromach gum feum thu a bhith sùbailte airson obair aig uair sam bith.

20 Bidh a h-uile neach-obrach aig cuid de chompanaidhean ag obair bhon taigh. Thuirt stiùiriche fear dhiubh gu bheil buannachdan gu leòr ann — chan eil feum air oifis fhaighinn air màl, tha e furasta conaltradh le luchd-obrach air *Zoom* agus *FaceTime*, tha cosgaisean a' chompanaidh air an lùghdachadh agus nì an luchd-obrach barrachd obair.

25 Thàinig Mìcheal Grannd a dh'fhuireach ann an Siorrachd Earra-Ghàidheal, a dh'obair do chompanaidh le ceangal ris na Stàitean Aonaichte. Thuirt Mìcheal nach leig thu a leas a bhith a' siubhal eadar an dachaigh agus an obair tuilleadh — tha sin a' sàbhaladh ùine, rud a tha math airson beatha teaghlach. Cuideachd, tha e a' cumail a-mach gu bheil obair bhon taigh a' lùghdachadh chosgaisean agus a' dèanamh feum dhan àrainneachd.

30 Ged a tha mòran bhuannachdan rim faighinn ag obair bhon taigh air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan tha rudan eile ann nach eil cho math; thèid prìsean nan taighean suas agus tha sin ga dhèanamh doirbh do dh'òigridh a tha ag iarraidh fuireach anns na coimhearsnachdan aca fhèin taighean a cheannach no fhaighinn air màl. Tha cosgaisean-beatha nas àirde ann an àitichean iomallach a leithid connadh, dealan agus biadh. Cuideachd, ged a tha e furasta rudan a cheannach air-loidhne, tha feum agad a bhith mothachail gu bheil cosgaisean libhrigidh gu math daor.

35 Tuigidh tu carson a bhios daoine a' gluasad air falbh bho bheatha thrang uallachail an-diugh gu bhith am measg nam beanntan agus nan lochan bòidheach. Tha e nas fheàrr a bhith ag obair airson a bhith beò, seach a bhith beò airson obair. Tha obair bhon dachaigh gar cuideachadh sin a dhèanamh.

## Questions

Re-read lines 1–7.

- |   |   |
|---|---|
| 1. Apart from cities, where else can you work remotely? | 2 |
| 2. Why do people seek to work this way today?           | 1 |

Re-read lines 8–14.

- |  |   |
|--|---|
| 3. The article talks about Anne, who works from home.  |   |
| (a) What does Anne’s work involve?   | 2 |
| (b) Anne says there are a lot of advantages to working from home. State any <b>two</b> things. | 2 |

Re-read lines 15–19.

- |  |   |
|--|---|
| 4. The article goes on to discuss the different jobs that can be done at home. |   |
| (a) Apart from being a writer, state any other job.                            | 1 |
| (b) Why is it good to have your own room for working?                          | 1 |
| (c) What is important for some jobs?   | 1 |

Re-read lines 20–23.

- |  |   |
|--|---|
| 5. Some companies have all their staff working from home. What are the benefits of this? | 4 |
|--|---|

Re-read lines 24–28.

- |  |   |
|--|---|
| 6. Michael moved to Argyll to work from home. Who does Michael work for? | 1 |
|--|---|

Re-read lines 29–35.

- |   |   |
|---|---|
| 7. The article goes on to discuss the wider impact of increased home working. |   |
| (a) What does it say about the rise in house prices?                          | 2 |
| (b) What do you need to be aware of when buying things online?                | 1 |

## Questions (continued)

Now consider the article as a whole.

8. Does the writer have a more positive or negative opinion about remote working? Give details from the text to justify your answer. 2
9. Translate into English:  
*Tuigidh tu . . . sin a dhèanamh.* (lines 36–39) 10

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE